

Bòrd MG ALBA
Coinneamh shònraichte

31/1/22

Teams

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd: Ailean Dòmhnallach (sa Chathair); Donaidh MacAmhlaidh; Marion Nic na Ceàrdaich
Ceit Anna NicLeòid, , Iain Mac a' Mhaoilein, Lisa Annette, Màiri Kidd,
Rhoda NicDhòmhnail

Luchd-obrach: Dòmhnall Caimbeul [DC] (Àrd-Oifigear)
Iseabail Nic an t-Sagairt [IMT] (Stiùiriche Ro-innleachd is Co-bhanntachdan)
Rachel NicChoinnich [RMK] (Stiùiriche Ionmhais)
Donaidh Dòmhnallach [DMD] (Manaidsear Gnìomhachais)
Ealasaid Dhòmhnallach [ED] (Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Taoibh A-Muigh)
Mairi Anna NicAonghais (a' sgrìobhadh geàrr-chunntas)

1. Leisgeulan

1.1 Iain Stephen Moireasdan.

2. Gnothach dearbhte

2.1 Nochd Màiri Kidd ùidh fo phuing 3c leis gu robh i an sàs ann a bhith a' sgrìobhadh cuid a sgeidsichean airson a' chomadaidh OMC agus sheas i a-mach às a' choinneamh airson a' phuing seo.

2.2 Nochd an SSI ùidh fo phuing 3c leis gu robh dàimh theaghlaich aice le aon de cheannardan a' chompanaidh riochdachaidh agus sheas i a-mach às a' choinneamh airson a' phuing seo.

3 Puingean deasbaid shònraichte

a) *Poileasaidh pàighidh an luchd-obrach*

3.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a' sireadh Aonta a' Bhùird air mar a thèid làimhseachadh a dhèanamh air àrdachadh pàighidh na buidhne airson 2022/23 airson adhbharan buidseat agus poileasaidh agus chaidh deasbad a chumail.

Co-theacsa

- 3.2 Bha pàipearan air beulaibh Comataidh a' Chathraiche air 7/12/22. An dèidh deasbad, mhol a' Chomataidh chun Bhùird gum biodh co-dhiù àrdachadh pàighidh 2% ann airson an luchd-obrach gus fainear a thoirt do ìrean ùra Àrachas Nàiseanta le tuigse gum beachdaich am bòrd slàn air 20/1/22 (a' leantainn buidseat agus fios mu phoileasaidh pàighidh Riaghaltas na h-Alba air 9/12/21) air a' chòrr àrdachaidh.
- 3.3 Air 9 Dùbhlachd 2021, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba an stiùireadh aca airson poileasaidh thuarastail bhuidhnean poblach. Ri linn nach robh am moladh sin fo dheasbad aig Comataidh a' Chathraiche, agus ri linn cho teann 's a tha buidseat MG ALBA gu bhith, bha moladh air beulaibh na Comataidh ath-bhreithneachadh a dhèanamh air ceist poileasaidh pàighidh.
- 3.4 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air am moladh a bha air am beulaibh bho Chomataidh a' Chathraiche, agus an dèidh do bhuill deasbad a chumail agus ceistean a chur chaidh aontachadh an cuspair a thilleadh gu Comataidh a' Chathraiche airson ath-bhreithneachadh a dhèanamh agus moladh deireannach a chur chun Bhùird aig an ath choinneimh air 9/10 Màrt 2022, agus gum biodh buidseat thuarastail airson 2022-23, san eadar-ama, a rèir moladh Chomataidh a' Chathraiche agus poileasaidh Riaghaltas na h-Alba gu bith dè às àirde a rèir gach neach.
- 3.5 **Gnìomh:** thèid coinneamh de Chomataidh a' Chathraiche a ghairm gus an cuspair a dheasbad. **(MAMI)**
- b) *Spòrs*
- 3.6 Bha pàipear air beulaibh bhall a' mìneachadh an t-suidheachaidh a tha ann an-dràsta a thaobh còraichean ball-coise, agus na co-dhùnaidhean air a bheil oifigearan a' beachdachadh.
- 3.7 Ged nach robh e riatanach buill aonta a thoirt seachad (a rèir riaghailtean ionmhasail na buidhne), bu chòir buill a bhith fiosraichte air mar a thathas a' gluasad air adhart agus gum biodh cothrom aca ceistean a chur agus taic is comhairle a nochdadh mar a chi iad iomchaidh.
- 3.8 Chaidh iomradh a thoirt air dà rud gu sònraichte: 1) Tagradh airson còraichean ball coise nam ban airson 22/23 agus 23/24, le dùil ri fios mu shoirbheachas an tagradh airson SWPL 1 aig deireadh a' mhìos agus 2) Sìneadh aona bhliadhna air aona eileamaid a-mhàin de chùmhnannt an SPFL, às dèidh crìoch a' chùmhnannt ann an 2023.
- 3.9 Tha an sìneadh a' buntainn ri 5 geamannan beò bhon Challenge Cup. Thèid fios ann an sgrìobhadh a thoirt dhan SPFL ro 14/2/22 gu bheil MG ALBA an dùil na còraichean airson an eileamaid sin a-mhàin a shìneadh gu deireadh an Ògmhios 24.

- 3.10 Chaidh Plana Susbaint 21/22-23/24 aontachadh mar phàirt dhen Phlana Chorporra tri bliadhna na buidhne sa Mhàirt 2021, le spòrs na chois. Tha suidheachadh ball-coise nam ban cugallach ri linn suidheachadh Scottish Women’s Football, aig a bheil na còraichean agus impidh bho luchd-ùidh a’ gheama barrachd airgid fhaighinn a-steach dhan gheama, bho chòraichean chraolaidh agus cothroman coimearsalta eile.
- 3.11 Chaidh tagradh 22/23 agus 23/24 airson còraichean an SWPL a dhèanamh ann an co-bhonn le BBC Scotland, le cuideam air neart tagradh bho chraoladairean free-to-air.
- 3.12 ’S e còraichean an Challenge Cup aona eileamaid dhen chùmhnannt leis an SPFL a tha a’ tighinn gu crìoch aig deireadh an Ògmhios 23. Tha e na eileamaid cudromach oir tha e a’ buntainn ri geamaichean beò. Tha a’ chòrr dhen chùmhnannt seo a’ buntainn ri geamaichean deferred premiership agus playoffs beò.
- 3.13 Tha cùmhnannt riochdachaidh spòrs a’ tighinn gu crìoch ann an Ògmhios 2023. Bidh sìneadh an Challenge Cup agus tagradh airson ball-coise nam ban a’ ciallachadh uallach craolaidh airson nan geamaichean gu Cèitean 2024. Thathas an dùil gun tèid an cùmhnannt airson riochdachadh spòrs a-mach gu tagradh Foghar 2022, le na diofair chòraichean a bhiodh an cois sin fhathast ri dhearbhadh gu h-iomlan aig an ìre-sa.
- 3.14 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air ro-innleachd shusbaint na buidhne agus na seanail, agus an dèidh do bhuill beachdachadh air mar a bha roghainnean a thaobh an gnè Spòrs fo shùil nan oifigearan ghabh buill fainear de cho-dhùnaidhean nan oifigearan a thaobh farpaisean ball-coise a bheireadh buaidh an dà chuid air a’ bhliadhna 2022/23 agus air a’ bhliadhna 2023/24 agus dhearbhadh iad gu robh iad fiosraichte mar a dh’iarradh air a’ chùis. Thig cuspair ro-innleachd spòrs airson an fhad-ùine air beulaibh a’ Bhùird sna coinneamhan ri thighinn.
- c) *Cùmhnanntan airson aonta a’ bhùird*
- 3.15 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ sireadh ùghdarras a’ bhùird fo Riaghailt Ionmhasail C.5.2, far a bheil e glèidhte don Bhòrd cosgaisean phrògraman seachad air £100k san uair a cheadachadh gus an urrain dràma EBU 2022 aig cosgais [fios glèidhte] agus Comadaidh aig cosgais [fios glèidhte] a choimseanadh.
- 3.16 **Co-dhùnadh:** chaidh seo ùghdarrachadh.

4. Plana Obrachaidh 2022/23

- 4.1 Bha pàipear air beulaibh bhall a’ sireadh aonta nam ball air an dreachd Plana Obrachaidh airson 2022-23, le dreachd Plana Obrachaidh airson 2022-23, le buidseat stèidhichte air £12.8m + £0.5m a bharrachd airson SpeakGaelic.

4.2 Air 9 Dùbhlachd 2021, dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba dreachd buidseat airson 2022-23, le àireamhan a' sealltainn gum biodh £13.238m a' dol gu MG ALBA mar bhuidseat bhunaiteach (àrdachadh beag) agus £500k airson SpeakGaelic.

4.3 Ach bhon uair sin, chaidh stiùireadh fhaighinn bho oifigearan Riaghaltas na h-Alba gum biodh e nas fheàrr an-dràsta na figearan £12.8m + £0.5m a chleachdadh gus am biodh barrachd soilleireachd ann.

Buidseat

4.4 Chaidh ceist a chuir an robh ùghdarras aig Riaghaltas na h-Alba nas lugha de dh'airgead a thoirt seachad na bha am Pàrlamaid air a ghealltainn. Chaidh innse nach robh fianais ann carson a chaidh seo a dhèanamh ach gun deigheadh mìneachadh a shireadh bhon Riaghaltas.

4.5 Chaidh a dhaingneachadh gu robh e cudromach gum bi tuigse aig an Riaghaltas dè tha buidseat gun atharrachadh a' ciallachadh, às aonais a bhith ceangailte ri ìre na h-atmhorachd.

4.6 Bha ball den bheachd nach robh ceangal soilleir ann eadar am buidseat iomlan a bha air a chruthachadh air stèidh *accruals* agus clàr ghnèithean phrògraman a bha air a cruthachadh air stèidh cosgais (*cash*). Chaidh aontachadh gun deigheadh rèite a dhèanamh orra.

4.7 Chaidh aontachadh gu robh e cudromach dèanamh soilleir gu robh am Plana Obrachaidh a' sealltainn mar a bha an lùghdachadh airgid (*real terms reduction*) ann an dà-rìribh a' toirt buaidh air na bha comasach prògraman a libhrigeadh

Plana Obrachaidh

4.8 Chaidh ceist a chuir an robhas a' sealltainn air ratio a chumail a thaobh na thathas a' cosg air susbaint a-mach às a' mhaoin iomlan, ri linn 's gu bheil sin air ainmeachadh gach bliadhna san Aithisg Bhliadhnail. Chaidh innse gu robhas ag amas air 85% agus, nuair a bhiodh tuarastal air a ghabhail a-steach, gu robh sin air a choileanadh sa bhuidseat seo air stèidh cosgais (*cash basis*).

4.9 Bha aithne ann nach robh suim tuiteamais (*contingency*) sa bhuidseat. Thuir an AO gur e suidheachadh mi chofhurtail a bha seo. Nam biodh cosgaisean ris nach robh an dùil ag èirigh tron bhliadhna dh'fheumar airgead a thoirt a-mach à buidseatan eile. Chaidh a mhìneachadh nam b' e 's gum biodh feum ann a dhol thairis air cinn-buidseit sam bith gu bheil na Riaghailtean Ionmhasail a' ceadachadh gun urrainnear seo a dhèanamh ann an conaltradh leis an Stiùiriche Ionmhais agus an AO (gu ìre 10%).

4.10 Buidseat siubhail – bha faireachdainn aig aona bhall gu robh am buidseat siubhail do-dhèante agus ro ìseal, fiùs bho thaobh am Bòrd a bhith a' coinneachadh ann an da-rìribh.

- 4.11 Trèanadh gnìomhachais – le ìsleachadh sa bhuidseat chaidh ceist a chuir am biodh sin ag adhbharachadh àrdachadh ann an cosgaisean phrògraman. Chaidh innse nach robhas den bheachd gum biodh buaidh mòr sam bith air cosgais phrògraman ri linn seo.
- 4.12 Bha aithne ann le na gearraidhean a dh’fheumas a dhèanamh gu robhas a’ call cuairt coimeasanaidh.
- 4.13 Trèanadh - leis nach robhas a’ buidseatadh airson FilmG, mhìnich an SSI nach robh i airson an fharpais a chall. Bha buill den bheachd gur e ceist mhòr a bha an seo a thaobh ìomhaigh na buidhne agus gu bheileas cuideachd ag ràdh san Lèirsinn gu bheileas airson togail fhaicinn a thaobh dol an sàs le daoine òga agus gu bheil riosg an seo a thaobh pàirteachas agus cliù. Chaidh aithneachadh gur docha gum biodh cothroman ann obrachadh le buidhnean eile a thaobh leasachadh, sgilean agus daoine òga. Dh’iarr buill an tuilleadh còmhraidh mus deidheadh co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh FilmG.
- 4.14 Bha buill duilich gu bheil cùisean air a thighinn chun na h-ìre seo agus gur e briseadh dùil a bh’ ann a bhith a’ faicinn gu bheil prògraman air an lùghdachadh.
- 4.15 Chaidh innse gu bheileas a’ coimhead ri earrannan de dh’obair HR a dhèanamh in-thaigh agus gum biodh seo air a shealltainn ann am figearan na h-ath bhliadhna.
- 4.16 Chaidh faighneachd am biodh e comasach rannsachadh luchd-amhairc a dhèanamh in-thaigh agus chaidh innse gum biodh seo duilich.
- 4.17 Bha aithne ann bho bhuill gu bheil na h-ìrean seo de bhuidseat uabhasach dùbhlach.
- 4.18 **Co-dhùnadh:** An dèidh do bhuill beachdachadh air dreachd buidseat MG ALBA airson 2022-23, agus an dèidh do bhuill beachdachadh air na KPIs a bha air am moladh airson 2022-23 cho-dhùin am Bòrd (a) gabhail ris a’ Phlana Obrachaidh 2022-23, a’ gabhail a-steach an dreachd buidseat airson 2022-23, (b) gun urrainn an dreachd Plana Obrachaidh 2022-23 a chur gu Ofcom sa mhionaid agus (d) gun tigeadh am Plana Obrachaidh 2022-23 deireannach chun Bhùird air 9/10 Màrt 2022 mus e agus gu robh Ofcom air an obair sgrùdaidh aca a chrìochnachadh.
- 4.19 **Gnìomh:** thèid am Plana Obrachaidh a chuir gu Ofcom air 31/1/22. (DC)

5. Lèirmheas

5.1 **Co-dhùnadh:** an dèidh do bhuill beachdachadh air suidheachadh ionmhasail MG ALBA gu sònraichte agus nam meadhanan Gàidhlig gu farsaing, cho-dhùin am Bòrd gun deigheadh lèirmheas a chumail air prìomhachasan maoinachaidh na buidhne agus gun tigeadh molaidh fa chomhair a' Bhùird tron bhliadhna 2022 a bheireadh bun-stèidh do cho-dhùnidhean ionmhasail airson 2023/24 air adhart

5.2 **Gnìomh:** thig pàipear air beulaibh a' Bhùird sa Mhàrt le rannsachadh agus lèirmheas air dè seòrsa cruth a bhios air prògraman agus dè seòrsa maoinachadh a bhios a dhìth orra, a' ruith aig an aon àm ri plana obrachaidh na h-ath bhliadhna. [\(IMT\)](#)

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: